



**Ann an Eaglais Cùirt a' Chrùin
An Lunnainn**

**LÀ NA SÀBAID
AN DEICHEAMH LATHA
DE'N CHÈITEAN 2026**

**Leis an Urr. Iain M M MacDhòmhnail,
Eaglais na h-Alba, Tairbeart na Hearadh**

FAILTE

GAIRM GU ADHRADH

Salm 25:1–5 (Martyrdom)

1. Dhia, togam m' anam riutsa suas
2. Mo Dhia, mo mhuinghinn dheas;
A m' ionnsuidh na leig aobhar nàir';
do m'eascar gairdeachas.
3. Fo nàir' is mhasladh na leig neach
D'an gnàth bhi feitheamh ort:
Ach nàire gu robh air an dream
a ni gun aobhar lochd
4. Foillsich do shlighe dhomh, a Dhé;
a' d' cheumaibh teagaisg mi:
5. Is treòraich mi a' d' fhìrinn ghloin,
's mo theagasg dean, a Dhé:

Oir 's tu a 's Tighearn ann gu dearbh,
's tu 's slàinte dhomh a ghnàth,
Is ort a ta mi feitheamh fòs
le foighid mhòir gach là.

URNAIGH

Salm 86: 15–16 (Kilmarnock)

15. Ach tha thu, Dhé, mòr-thròcaireach,
ro-ìochdmhor anns gach càs;
Chum feirge mall, ach saoibir pàilt
am fìrinn is an gràs.
16. O pill rium, is dean tròcair orm,
thoir neart do d'òglach féin,
Do mhac do bhanoglaich Faraon
dean fuasgladh ann a fheum.

**LEUGHADH AN SGRIOBTUIR
TIOMNADH NUADH: Eòin 6:25–40**

Salm 31:15–16 (Coleshill)

15. Tha m'aimsirean a'd' làimh-sa Dhé,
orm furtaich agus fòir
O làimh mo naimhdean, is o'n dream
tha leantuinn orm an tòir.

16. Do ghnùis is d'aghaidh dealraicheadh
air d'òglach dìleas féin:
Air sgàth do ghràsa carthannach,
mo shaoradh dean gu treun.

AN TEACHAIREACHD

Searmon air Eòin 6:35–37

“Na Facail beag cudromach”

URNUIGH

FIOS

AN TABHARTAS

Salm 23:5–6 (Stornoway)

5. Dhomh dheasaich, bòrd air beul mo nàmh:
le h-oladh dh'ung mo cheann;
Cur thairis tha mo chupan fòs,
aig meud an làin a t'ann.

6. Ach leanaidh maith is tròcair rium,
an cian a bhios mi beò:
Is còmhnuicheam an àros Dé,
ri fad mo ré 's mo lò.

LONDON QUARTERLY GAELIC SERVICES

At 3:00 p.m.

**Crown Court Church of Scotland
Russell Street
Covent Garden
London WC2B 5EZ**

SEIRBHEISEAN GÀIDHLIG ANN AN 2026

Gaelic Services in 2026

An t-Sultain — An t-Urr Uisdean Maurice
September **Stiùbhart,**
Beàrnaraigh, ceangailte ri Uig

An Dùbhlachd — Ri dhearbhadh
December **TBC**